

**Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Alba:
roghainn agus coileanadh sa bhun-sgoil agus tràth san àrd-sgoil**

Geàrr-chunntas

Fiona O’Hanlon,¹ Wilson McLeod¹ agus Lindsay Paterson²

¹ Ceiltis agus Eòlas na h-Alba
27 Ceàrnag Sheòrais
Oilthigh Dhùn Èideann
Dùn Èideann
EH8 9LD

² Sgoil an Fhoghlaim
Oilthigh Dhùn Èideann
Rathad Thaigh an Ròid
Dùn Èideann
EH8 8AQ

Seo geàrr-chunntas den aithisg dheireannach den phròiseact ‘Toradh Foghlam Gàidhlig’,
air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig.

An t-Sultain 2010

Geàrr-chunntas

Amas

- 1 Is i seo an aithisg dheireanneach den phròiseact ‘Toradh Foghlam Gàidhlig’, a chaidh a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig.
- 2 B’ e a h-amas anailis a dhèanamh air buileachadh sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sa bhun-sgoil (Prìomh 3, 5 agus 7) agus sgoilearan a’ dèanamh Gàidhlig do dh’fhileantaich san àrd-sgoil (AS2), agus rannsachadh a dhèanamh air na hadhbharan airson cho-dhùnaidhean a thaobh a’ mheadhain fhoghlaim (meadhan-Gàidhlig no meadhan-Beurla) sa bhun-sgoil agus san àrd-sgoil.

Modhan-obrach

- 3 Thàinig a’ mhòr-chuid den dàta air buileachadh bho dhà shuirbhidh a rinn luchd-staitistearachd Riaghaltas na h-Alba: an Suirbhidh Albannach air Coileanadh ann an 2007 agus suirbhidh a rinneadh an co-cheangal ris air sgoilearan Prìomh 5 agus Prìomh 7 ann an aonadan agus sgoiltean meadhain-Ghàidhlig. Chuireadh ris an fhiosrachadh seo le suirbhidh ann an 2009, a rinneadh mar phàirt den phròiseact rannsachaidh seo fhèin, air bun-sgoiltean le aonadan meadhain-Ghàidhlig agus àrd-sgoiltean a bhios a’ tabhann Gàidhlig do dh’fhileantaich, a bha a’ sireadh, airson na mòr-chuid, fiosrachadh air buileachadh ann am Prìomh 3, 5 agus 7 agus bliadhna 2 den àrd-sgoil (AS2). Fhuaras fianais staitistearach bho na stòrasan fiosrachaidh seo uile.
- 4 Rinn an anailis staitistearach coimeas air buileachadh eadar sgoilearan ann am foghlam meadhain-Ghàidhlig agus ann am foghlam meadhain-Bheurla sa bhun-sgoil, agus eadar an fheadhainn a bha, agus nach robh, a’ dèanamh Gàidhlig (do dh’fhileantaich) san àrd-sgoil. Bha an anailis mothachail air na dòighean a dh’fhaodadh sgoilearan a tha ann am meadhan-Gàidhlig (no a’ dèanamh Gàidhlig do dh’fhileantaich ann an AS2) a bhith eadar-dhealaichte bhon fheadhainn nach eil ann am meadhan-Gàidhlig (no nach eil a’ dèanamh Gàidhlig do dh’fhileantaich) nach eil ceangailte ri meadhan an fhoghlaim (me gnè, inbhe shòisio-eaconamach). Tha an cothrom as fheàrr airson anailis den leithid a dhèanamh ri fhaighinn anns an dà shuirbhidh a rinn an Riaghaltas, agus air an adhbhar sin tha a’ mhòr-chuid den anailis againn air buileachadh cuimsichte air an obair sin.
- 5 Leig na suirbhidhean a rinn an Riaghaltas leinn coimeas a dhèanamh eadar sgoilearan meadhain-Ghàidhlig agus trì buidhnean de sgoilearan meadhain-Bheurla: a h-uile sgoilear ann an Alba, sgoilearan ann an sampall a chaidh a fhreagrachd ris an t-sampall mheadhan-Ghàidhlig a thaobh feartan deamografaigeach àraidh, agus sgoilearan meadhain-Bheurla ann an cuid de na sgoiltean far an robh aonad meadhain-Ghàidhlig. Chleachd sinn modaileadh iomadh-ìre airson samhlachadh staitistearach a dhèanamh, modh-obrach a tha ga mheas air thùs mhodailean staitistearach airson adhartas agus buileachadh sgoilearan a thuigsinn.
- 6 B’ e saidheans am prìomh chuspair aig an dà shuirbhidh a rinn an Riaghaltas agus chleachd iad deuchainnean foirmeil airson buileachadh sgoilearan ann an saidheans a thomhas. Ach, tha na suirbhidhean cuideachd a’ tabhann fianais air breithneachadh an luchd-teagaisg air buileachadh sgoilearan ann an leughadh is sgrìobhadh na Gàidhlig,

leughadh is sgrìobhadh na Beurla, agus matamataig, agus tha sinn a' dèanamh anailis air na breithneachaidhean sin cuideachd.

- 7 Airson buileachadh a thuigsinn, rinneadh agallamhan ann an 2009-10 le pàrantan, ceannardan sgoile, agus luchd-comhairleachaidh Gàidhlig nan Ùghdarrasan Ionadail, agus ann an 2007-8 le pàrantan, sgoilearan agus luchd-teagaisg. Bha na h-agallamhan le sgoilearan ann am foghlam bun-sgoile meadhain-Ghàidhlig, no a bha a' dèanamh Gàidhlig do dh'fhileantaich san àrd-sgoil, agus cuideachd sgoilearan ann am foghlam meadhain-Bheurla ann an sgoiltean far an robh cothrom foghlam meadhain-Ghàidhlig a ghabhail.
- 8 B' e prìomh fheum nan agallamhan tuigsinn nan adhbharan airson cho-dhùnaidhean a thaobh a' mheadhain fhoghlaim (meadhan-Gàidhlig no meadhan-Beurla) sa bhun-sgoil agus san àrd-sgoil.

Toradh: buileachadh

- 9 Tha sgoilearan ann am foghlam meadhain-Ghàidhlig nas buailtiche a bhith boireann agus chan eil iad cho buailteach a bhith fo anacothrom sòisealta 's a tha sgoilearan Albannach sa chumantas. Tha an t-eadar-dhealachadh ann an suidheachadh sòisealta ann air sgàth nàdar nan sgoiltean far a bheil foghlam meadhain-Ghàidhlig ga sholarachadh, seach a bhith na eadar-dhealachadh taobh a-staigh sgoiltean.
- 10 Ann am Prìomh 3, tha buileachadh ann am Beurla nas ìsle aig sgoilearan meadhain-Ghàidhlig na sgoilearan meadhain-Bheurla, ach tha a' bheàrn seo air dùnadh mus ruig iad Prìomh 5, agus gu dearbh 's mathaid gu bheil sgoilearan meadhain-Ghàidhlig air thoiseach air sgoilearan meadhain-Bheurla ann an leughadh na Beurla aig an ìre seo. Tha am buileachadh nas àirde ann an leughadh na Beurla fhathast ri fhaicinn ann am Prìomh 7 agus (ged nach eil an fhianais cho làidir) aig sgoilearan a' dèanamh Gàidhlig do dh'fhileantaich ann an AS2.
- 11 Tha fianais ann cuideachd gu bheil sgoilearan meadhain-Ghàidhlig air thoiseach air sgoilearan meadhain-Bheurla ann an saidheans ann am Prìomh 5, agus (le fianais nas laige) ann am Prìomh 7, ged a tha seo mar thoradh air sgoilearan meadhain-Ghàidhlig a bhith ann an sgoiltean far a bheil buileachadh an ìre mhath àrd ann an saidheans co-dhiù seach a bhith na dhiofar eadar sruthan meadhain-Ghàidhlig is meadhain-Bheurla san aon sgoil.
- 12 Cha robh fianais air eadar-dhealachadh sam bith ann am buileachadh ann am matamataig eadar sgoilearan ann am foghlam meadhain-Ghàidhlig agus sgoilearan meadhain-Bheurla ann am Prìomh 7 no eadar feadhainn a bha, agus nach robh, a' dèanamh Gàidhlig do dh'fhileantaich ann an AS2.
- 13 Ro dheireadh na bun-sgoile, tha a' chuid as motha de sgoilearan ann am meadhan-Gàidhlig agus meadhan-Beurla air am meas le an sgoiltean a bhith air an ìre buileachaidh a tha ga sùileachadh dhaibh a ruighinn (ìre D den churraicealam 5-14) ann an leughadh, sgrìobhadh, còmhradh agus èisteachd sa Bheurla, agus matamataig agus saidheans. Tha a' chuid as motha de sgoilearan meadhain-Ghàidhlig gam meas air an ìre seo a ruighinn ann an leughadh, sgrìobhadh, còmhradh agus èisteachd sa Ghàidhlig.

- 14 Ach, tha an fhianais bho dheuchainnean foirmeil saidheans a rinneadh mar phàirt den t-Suirbhidh Albannach air Coileanadh agus an Suirbhidh air Foghlam Gàidhlig a' leigeil fhaicinn gur mathaid gu bheil an luchd-teagaisg ro fhialaidh nam breithneachadh, agus nach eil ach 6% de na sgoilearan meadhain-Bheurla uile agus 11% de na sgoilearan meadhain-Ghàidhlig a' ruighinn ìre D ann an saidheans ann am Prìomh 7.
- 15 A thuilleadh air leughadh is sgrìobhadh na Beurla ann am Prìomh 3, cha robh fianais sam bith ann gu robh buileachadh sgoilearan meadhain-Ghàidhlig na b' ìsle na buileachadh sgoilearan meadhain-Bheurla. Chithear, ma-thà, nach eil e na bhacadh air buileachadh sgoilearan meadhain-Ghàidhlig ann am prìomh phàirtean eile den churraicealam gu robh iad a' togail cànan eile no, airson clann le Gàidhlig aig an taigh, a' neartachadh is a' leasachadh nan sgilean Gàidhlig aca, agus gu robh Gàidhlig a' toirt dhaibh buileachadh ann am barrachd chuspairean na sgoilearan ionnan riutha ann am foghlam meadhain-Bheurla.
- 16 Ged a bha a' chuid bu mhotha de sgoilearan meadhain-Ghàidhlig gam meas air ìre D, an ìre iomchaidh, a ruighinn airson Gàidhlig ann am Prìomh 7, bha am buileachadh ann an Gàidhlig air tuiteam, sa chumantas, air chùlaibh am buileachaidh ann am Beurla, gu h-àraidh ann an leughadh.
- 17 Cha robh sgoilearan ann am foghlam meadhain-Ghàidhlig cho misneachail ann an saidheans ri sgoilearan meadhain-Bheurla, agus cha robh iad a' dol an lùib ionnsachadh saidheansail uiread 's a bha sgoilearan meadhain-Bheurla. Ach, thuirt sgoilearan meadhain-Ghàidhlig gu robh an luchd-teagaisg aca làn-dhealasach nan teagasg air saidheans, barrachd na thuirt sgoilearan ionnan riutha ann am foghlam meadhain-Bheurla mu na tidsearan acasan. Cha robh uiread cleachdaidh aig luchd-teagaisg meadhain-Ghàidhlig 's a bha aig luchd-teagaisg meadhain-Bheurla, agus bha luchd-teagaisg meadhain-Ghàidhlig agus luchd-teagaisg meadhain-Bheurla a bha ann an sgoiltean le ionadan meadhain-Ghàidhlig a' saòilsinn barrachd de na sgoilearan aca a thaobh na h-ùidh a ghabh iad ann an saidheans na bha luchd-teagaisg Beurla sa chumantas ann an Alba.
- 18 Cha robh fianais sam bith air eadar-dhealachadh cunbhalach a thaobh cruinn-eòlais ann am feartan no buileachadh sgoilearan no sgoiltean meadhain-Ghàidhlig: bha eadar-dhealachadh a rèir aonadan meadhain-Ghàidhlig no sgoiltean, agus cha b' ann mar thoradh air poileasaidhean comhairle no suidheachaidhean san fharsaingeachd eile ann an sgìrean far a bheil foghlam meadhain-Ghàidhlig ri lorg.
- 19 Tha e coltach gu bheil a' chuid as motha den àrdachadh buileachaidh aig sgoilearan meadhain-Ghàidhlig an taca ri sgoilearan meadhain-Bheurla air sgàth feartan nan sgoiltean far a bheil aonadan meadhain-Ghàidhlig suidhichte seach eadar-dhealachadh eadar sruthan meadhain-Ghàidhlig is meadhain-Bheurla taobh a-staigh sgoiltean fa leth.
- 20 Tha na co-dhùnaidhean seo air buileachadh an ìre mhath a rèir na lorgadh mar-thà mu fhoghlam meadhain-Ghàidhlig ann an Alba, gu h-àraidh co-dhùnaidhean Johnstone et al (1999), a bha stèidhichte air dàta a chruinnicheadh ann am meadhan nan 1990an. Is iad na diofaran bu mhotha bhon àm sin nach eil buileachadh nas ìsle aig sgoilearan meadhain-Ghàidhlig tuilleadh ann an saidheans na sgoilearan meadhain-Bheurla, no buileachadh nas àirde ann am matamataig.

Toradh: roghainn, solarachadh agus amas

- 21 Is e dualchas aon adhbhar a bhios daoine a' roghnachadh foghlam meadhain-Ghàidhlig, ge bith an e dualchas teaghlaich, sgìre no dualchas na h-Alba air fad. Dh'fhaodadh na diofar ìrean dàimh seo ri cultar na Gàidhlig a bhith ag obair còmhla, a' neartachadh a chèile agus a' brosnachadh dealas gus an cànan ath-bheothachadh.
- 22 Bha cruinneachadh adhbharan eile a' buntainn ri beachdan air buannachdan an dà-chànanais, glè thrì air sgàth eòlais air rannsachadh a sheallas ceangal eadar leasachadh comasan smaoineachaidh agus dà-chànanais, no gu h-àraidh eadar dà-chànanais agus ionnsachadh chànanais eile.
- 23 Mar bu trice thagh sgoilearan a thàinig bho fhoghlam meadhain-Ghàidhlig sa bhun-sgoil Gàidhlig do dh'fhileantaich san àrd-sgoil airson gu robh iad a' dèanamh Gàidhlig mar-thà agus nach robhas deònach na chaidh ionnsachadh a chall.
- 24 A thuilleadh air na h-adhbharan làidir sin bha grunn adhbharan eile nach robh cho nochdte – gu h-àraidh beachd gum b' i sgoil mhath a bh' anns an sgoil far an robh foghlam meadhain-Ghàidhlig ga lìbhrigeadh agus gur mathaid gum biodh foghlam meadhain-Ghàidhlig èifeachdach a chionn gu robh na clasaichean buailteach a bhith beag.
- 25 Bha caochladh na bu mhotha de dh'adhbharan aig daoine airson meadhan-Beurla a thaghadh. B' e aon adhbhar cumanta gu robh eagal air pàrantan aig nach robh Gàidhlig nach tuigeadh iad obair-dhachaigh an cuid cloinne agus nach biodh iad comasach an cuideachadh leatha. Bha dualchas na adhbhar cuideachd, ach le buil eadar-dhealaichte, agus b' e sin nach robh gnothach aig a' Ghàidhlig ri dualchas nam pàrantan. Bha cuid de phàrantan den bheachd nach b' e foghlam an dòigh a ghabhadh Gàidhlig ath-bheothachadh. Bha cuideachd beachd ann am measg beag-chuid de phàrantan gu bheil foghlam meadhain-Ghàidhlig ag adhbharachadh sgaradh, an dà chuid air sgàth na chosgais e agus an sgàineadh a shaoil iad a nì e ann an sgoil. Ach, bha mòran phàrantan sgoilearan meadhain-Bheurla eile toilichte mun iomadachd chultarach a shaoil iad a thug an sruth meadhain-Ghàidhlig don sgoil.
- 26 Bha pàrantan a bha airson gun deigheadh ionnsachadh meadhain-Ghàidhlig a mheadachadh mothachail gu robh e duilich luchd-teagaisg freagarrach a lorg, gu h-àraidh san àrd-sgoil. Ach bha grunn phàrantan, fiù am measg dhaoine a bha dealasach mu fhoghlam meadhain-Ghàidhlig, nach robh ag iarraidh Gàidhlig mar mheadhan teagaisg anns a h-uile cuspair san àrd-sgoil: bhathas tric ag ràdh gum biodh e na b' fheàrr na saidheansan a theagasg tron Bheurla agus Gàidhlig a chumail airson nan cuspairean sòisealta.
- 27 Bhathas a' tuigsinn cho cudromach 's a bha suidheachaidhean neo-fhoirmeil do chlann a bhith a' cleachdadh Gàidhlig, leithid thachartasan cultarach, agus bha miann aig mòran gun deigheadh cothroman den leithid a chumail agus a leasachadh.
- 28 Bha a' chuid bu mhotha den luchd-fhreagairt mothachail gu robh e cudromach clann a bhrosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh taobh a-muigh na sgoile, ach bha a' mhòr-chuid aca a' faicinn cho duilich 's a bha seo, fiù ann an coimhearsnachdan Gàidhlig agus far a bheil Gàidhlig aig leanabh aig an taigh.

- 29 Bha mòran luchd-fhreagairt ag iarraidh gu faigheadh sgoilearan meadhain-Bheurla barrachd chothroman Gàidhlig ionnsachadh na tha aca an-dràsta, agus bha cuid ag iarraidh gu faigheadh a h-uile sgoilear ann an Alba cothrom an cànan ionnsachadh. B' e am prìomh adhbhar a bh' aca airson seo am beachd gu robh a' Ghàidhlig na pàirt chudromach de dhualchas na h-Alba.

Molaidhean airson tuilleadh rannsachaidh air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig

- 30 Airson tuilleadh rannsachadh staitistearach air buileachadh, is e ar prìomh mholadh gun deigheadh Suirbhidh Foghlaim Mheadhain-Ghàidhlig a dhèanamh na phàirt àbhaisteach den t-Suirbhidh Albannach air Coileanadh. Gu h-àraidh, tha sinn a' moladh na leanas anns an t-suirbhidh leudaichte seo:

- (a) Bu chòir don t-Suirbhidh Albannach air Coileanadh a dhèanamh comasach sgoilearan a cho-cheangal ri dàta a' cheisteachain bhon phrìomh thidsear clas aca, gus am faod cleachdaidhean is eòlas teagaisg thidsearan fhilleadh a-steach do mhodailean air buileachadh sgoilearan aig ìre nan sgoilearan fa leth.
- (b) Bu chòir a h-uile Ùghdarras Ionadail a bhios a' tabhann foghlam meadhain-Ghàidhlig dèanamh cinnteach gun tèid sgoilearan meadhain-Bheurla ann an sgoiltean far a bheil aonad foghlam meadhain-Ghàidhlig a thoirt an lùib an t-Suirbhidh Albannach air Coileanadh ann an àireamhan mòr gu leòr gus am faighear air coimeas earbsach a dhèanamh taobh a-staigh sgoiltean eadar meadhan-Gàidhlig agus meadhan-Beurla.
- (c) Bu chòir an tomhas air anacothrom sòisealta a chlàradh ann an rangachadh nas fìnealta na tha ga fhilleadh a-steach an-dràsta don dàta bhon t-Suirbhidh Albannach air Coileanadh.
- (d) Bu chòir don t-Suirbhidh Albannach air Coileanadh fiosrachadh a chlàradh mu chànanan dachaigh na cloinne (Gàidhlig, Beurla no eile).
- (e) Bu chòir don t-Suirbhidh Albannach air Coileanadh a dhèanamh na sgrùdadh thar-ùine gus adhartas sgoilearan fa leth a leantainn thar grunn bhliadhnaichean.

- 31 Airson tuilleadh rannsachaidh stèidhichte air agallamhan, tha sinn a' moladh na leanas:

- (a) Bu chòir beachdan sgoilearan a shireadh cho math ri beachdan inbheach far a bheil sin iomchaidh.
- (b) Bu chòir agallamhan agus cruinneachadh dàta eile a dhèanamh gus tuigsinn ciamar a dh'fhaodadh foghlam meadhain-Ghàidhlig tarraing bho agus cur ri comasan cànan agus eòlas cultarach Gàidhlig sa choimhearsnachd.
- (c) Bu chòir agallamhan thar-ùine a dhèanamh, a' leantainn cloinne tro bhliadhnaichean na sgoile, gus tuigsinn mar a tha an dòigh-smaoineachaidh aca mu na cànanan aca ag atharrachadh.
- (d) Bu chòir dàta bho agallamhan a chleachdadh mar taic-fiosrachaidh ann an deasachadh shuirbhidhean staitistearach, gu h-àraidh suirbhidh a tha a' feuchainn ri beachdan mun Ghàidhlig agus foghlam meadhain-Ghàidhlig a thuigsinn.